

Abhainn an t-Sluaigh

Runrig

Chaneil an t-adhar os cionn
Lunnainn a nochd soileir no
dorch. Fada bho abhainn an
t-sluaigh. Gun sgial air coinneal
mor latha no reultan na
h-oidhche. Fada bho abhainn an
t-sluaigh. An sea s'am baile gun
chadal gun fhois is gun saorsa.
Fada bho abhainn an t-sluaigh.
Casan a' gluasad an abhainn an
tuil. Fada bho abhainn an
t-sluaigh. Na cuibhlichean's
cabhaig a tionndaidh gun sgur.
Fada bho abhainn an t-sluaigh.
Cus ag adhradh beairteas air
altair an tshaoghail. Fada bho
abhainn an t-sluaigh. Cach gun
dochas gun dachaidh air sraidean
gun ghaol. Fada bho abhainn an
t-sluaigh. Leis gach dath s'gach
creideamh gach cainnt as gach
cearn. Fada bho abhainn an
t-sluaigh. Gach ceist is gach
freagairt sios an abhainn gu
cuan. Fada bho abhainn an
t-sluaigh.